

3 LIDEAN LE BEUM³¹⁵

3.1 Siostam nam Fuaimreag³¹⁶

Gheibhear naodh aon-fhogharan agus deich dà-fhogharan (no ceithir-deug ma chunntar /tʃi/, /tʃei/, /tʃui/, /tʃeu/). Faodaidh a h-uile aon-fhoghar a bhith aon chuid goirid no fada. Tha na dà-fhogharan an-còmhnaidh fada, agus measar an seo gach dà-fhoghar mar aon fhòineim, chan ann mar chòmhlán de dhà fhuaimreig (*cf.* Oftedal 1956 : 43).

3.1.1 Aon-fhogharan Beulach³¹⁷

Tha ceithir ìrean de dh'fhosgailteachd³¹⁸ aig na h-aon-fhogharan beulach, agus tha trì sreathan ingearach³¹⁹ ann. Faodar an cur ann am pàtran triantanach (*cf.* Ternes 1973 : 145).

	Beulaibh	Cùlaibh	Cùlaibh
	neo-chruinn ³²⁰	neo-chruinn ³²¹	cruinn ³²²
Àrd ³²³	/ i	u	u
Meadhan-àrd ³²⁴	e	ɤ	o
Meadhan-ìosal ³²⁵	ɛ		ɔ
Ìosal ³²⁶		ɑ /	

³¹⁵ stressed syllables

³¹⁶ vowel system

³¹⁷ oral monophthongs

³¹⁸ degrees of openness

³¹⁹ vertical series

³²⁰ front unrounded

³²¹ back unrounded

³²² back rounded

³²³ high

³²⁴ high-mid

³²⁵ low-mid

³²⁶ low

Bheirear an aire gu bheil na h-alfonan suidheachail de /ɑ/ a' sìneadh bho ìosal beulaibh³²⁷ gu ìosal cùlaibh³²⁸, 's e sin bho [a] gu [ɑ] :

Àrd ³²⁹	/ i	u	u
Meadhan-àrd ³³⁰	e	ɣ	o
Meadhan-ìosal ³³¹	ɛ		ɔ
Ìosal ³³²	[a	ɑ] /	

Chithear gu bheil a' cleachdadh /u, ɣ/ mar shamhlaidhean gus na fuaimreagan cùlaibh neo-chruinn àrd agus meadhan-àrd fa leth a riochdachadh an seo. Tha Ternes (1973 : 144-5) a' moladh a bhith a' cleachdadh /i, ə/ fa leth, agus gun teagamh tha na h-argamaidean aig Ternes, stèidhichte am pàirt gu mionaideach air luachan fogharach nam fuaimreagan, tàbhachdach airson Gl. cuideachd. Ach seach gu bheil a' catagarachadh³³³ an t-sreath dom buin na fuaimreagan seo mar 'cùlaibh neo-chruinn', saoilidh mi gu bheil a' chùis nas soilleire ma thèid an riochdachadh leis na samhlaidhean /u, ɣ/.

3.1.2 Aon-fhogharan Srònaichte³³⁴

Chan fhaighear na fuaimreagan leis an dara ìre de dh'fhosgailteachd, 's e sin meadhan-àrd, srònaichte (mar aon-fhogharan) uair sam bith an Gl., agus tha a' chomhaireachd fhòineimeach³³⁵ eadar meadhan-àrd agus meadhan-ìosal air a neodrachadh³³⁶. Thathar a' roghnachadh /ě, ǝ/ an seo (seach /ē, ǝ/) airson nam fuaimreagan srònaichte le ìre mheadhain de

³²⁷ front low

³²⁸ back low

³²⁹ high

³³⁰ high-mid

³³¹ low-mid

³³² low

³³³ categorising

³³⁴ nasal monophthongs

³³⁵ phonemic opposition

³³⁶ neutralised

dh'fhosgailteachd³³⁷ air sgàth rèalachais fhogharaich³³⁸. Faodar an cur ann am pàtran triantanach mar a leanas.

	Beulaibh	Cùlaibh	Culaibh
	neo-chruinn	neo-chruinn	cruinn
Àrd	/ ǐ	ũ	ũ
Meadhan		ě	ǝ
Ìosal		ǎ /	

3.1.3 Paidhreannan mionamail agus faisg-mhionamail

Eisimpleirean de phaidhreannan mionamail agus faisg-mhionamail :

/i/ ~ /u/ : goirid : /hik'/ *thig* gr. teachd. ~ /huuk'/ *thuig* gr. preit. ; /ĩN'ɔɾ/ *innear* ainr. ('DUNG')

/ũN'ɔn/ *uinnean* ainr. ('AN ONION').

: fada : /i:r'ɣ/ *ìre* ainr. ~ /u:r'/ *aoir* ainr. ; /mĩ:l'ɣ/ *mìle* ainr. agus br. ~ /muĩ:l'/ *maoil* ainr. ('BALDNESS ; A BARE HILL').

/u/ ~ /u/ : goirid : /tuL'ix'/ *duillich* ainr. gin. ('FOLIAGE') ~ /tul'ix'/ *duilich* br. ; /huuk'/ *thuig* gr. preit. ~ /huk/ *thug* gr. preit.

: fada : /k^hu:L/ *caol* br. ~ /k^hu:L/ *cùl* ainr. ; /muĩ:L/ *maol* br. ~ /mũ:L/ *moll* ainr. ('CHAFF').

/e/ ~ /ɣ/ : goirid : /re.ɣN'/ *reaghainn* gr. cumhach ~ /rɣ.ɣN'/ *roghainn* ainr. sèimhichte.

: fada : /e:ur/ *eubhar* gr. teachd. neo-phears. ~ /ɣ:ur/ *adhbhar* ainr. ; /fe:mɣk/ *feumadh* gr. cumhach eis. ~ /fɣ:mɣk/ (fuaim. caoch.) *faomadh* agr., bt. 'aomadh'.

/ɣ/ ~ /o/ : goirid : /pɣk/ *boi'g* ainr. ('AN INFECTIOUS ILLNESS, "BUG"') (faic § 4.9.6.10 airson mineachaidh air a' cho-ghnàths cheart-litreachaidh³³⁹ *oi'* san tràchdas seo) ~ /pok/ *bog* br. ; /Lɣ.ɣɾ/ *ladhar* ainr. ~ /LO.ɣɾ/ *lobhar* ainr. ('A LEPER').

³³⁷ mid degree of openness

³³⁸ phonetic reality

: fada : /vʁ:v/ *bhadhbh* ainr. sèimh. ~ /vo:v/ *bhòbh* clr. ; /mʁ:rʁk/ *m'adhradh* ro-sheilbheach + agr. ~ /mo:rʁ/ *mòra* br. iol.

/ɛ/ ~ /a/ : goirid : /ɛx/ *each* ainr. ~ /ax/ *ach* nr. ; /fak^h/ *faic* ainr. ('A DEN') ~ /f ɛk^h/ *faic* gr. àithn. ; cuideachd /fǎk^h(ʁ)/ *fac(a)* (preit.³⁴⁰ eisimeileach³⁴¹ de 'faic') ~ /f ɛk^h/ *faic* gr. àithn.

: fada : /fɛ:/ *fèith* ainr. ~ /fa:/ *fàth* ainr. ; /Rɛ:/ *rèidh* br. ~ /Ra:/ *ràth* ainr. ('A SLOVEN').

/a/ ~ /ɔ/ : goirid : /ʔaraɹm/ *arm* ainr. ~ /ʔɔrɔɹm/ *orm* riochd. roi. 1 sg. ; /pat/ *bad* ainr. ~ /pɔt/ *bod* ainr. ; /k^hat^h/ *cait* ainr. iol. ~ /k^hɔt^h/ *coit* ainr. ('A COBLE').

: fada : /ɑ:L/ *àl* ainr. ~ /ɔ:L/ *òl* agr. ; /pa:rt/ *bàrd* ainr. ~ /pɔ:rt/ *bòrd* ainr. ; /p^hra:s'/ *pràis* ainr. ('CAST-IRON') ~ /p^hrɔ:s'/ *pròis* ainr.

/i/ ~ /e/ : goirid : /pir'/ *bir* ainr., bt. 'bior' ('A SPLINTER') ~ /per'/ *beir* gr. àithn. ; /k^his't'/ *cist* ainr. ~ /k^hes't'/ *ceist* ainr.

: fada : /k^hi:r'/ *cìr* ainr. ~ /k^he:r'/ *cèir* ainr. ('TALLOW') ; /k^hi:s'/ *cis* ainr. ~ /k^he:s'/ *cèis* ainr. ('CASE') ; /ve:k/ *mheug* ainr. sèimh. (M.) ('WHEY') ~ /ví:k'/ *mhìg* gin. sèimh.

/e/ ~ /ɛ/ : goirid : /L'e/ *leagh* gr. àithn. ~ /L'ɛ/ *leth* ainr. agus br. ; /k^hr'ek/ *creag* ainr. ('ROCK') ~ /k^hr'ɛk/ *cnag* ainr. ('A CRACK').

: fada : /k^he:r'/ *cèir* ainr. ('TALLOW') ~ /k^hɛ:r'ʁ/ *cèire* coim.³⁴² de /k^hiʁɹ/ *ciar* br. ; /fe:/ (fuaim. caoch.) *fèidh* (gin. de /f[iʁɹ]/ *fiadh* ainr.) ~ /fɛ:/ *fèith* ainr.

/u/ ~ /ʁ/ : goirid : /nʁs 'tu.i/ *duibhe* br. coim. ~ /nat 'ʁ.i/ *nad aghaidh* roi.

: fada : /u:r'ʁk/ *aoireadh* agr. ~ /ʁ:rʁk/ *adhradh* agr. ; /Ru:n/ *raon* ainr. ('ARABLE FIELD') ~ /Rʁ:nɔx/ *roghnach* br. ('PREFERABLE').

/ʁ/ ~ /a/ : goirid : /nʁ 'd^hʁ.ʁk/ *nan taghadh* gr. cumh. ~ /nʁ 'd^ha.ak/ *nan Tathag* gin. de ainr. dìl. ('OF TAAGAN', ainm tuathanais) ; /k^hʁL'ʁ/ *coille* ainr. ~ /k^haL'ɔx/ *cailleach* ainr.

³³⁹ orthographic convention

³⁴⁰ preterite

³⁴¹ dependent

: fada : /x:rɣk/ *adhradh* agr. ~ /ɑ:rɣk/ *àradh* ainr. ; /sɣ:vi/ *sadhbhaidh* ainr. (bt. 'saobhaidh') ('A FOX DEN') ~ /sɑ:v/ *sàbh* ainr. agus gr. àithn.

/u/ ~ /o/ : goirid : /huk/ *thug* gr. preit. ~ /hok/ *thog* gr. preit. ; /fũN'ɣ/ *fuine* agr. ~ /fon'ɣ/ *foinne* ainr.

: fada : /pu:/ *bùth* ainr. ~ /po:/ *bò* ainr. ; /t'u:/ *diù* ainr. ('WORTH') ~ /t'o:/ *deò* ainr. ('ANY' ; 'A BREATH OF WIND').

/o/ ~ /ɔ/ : goirid : /or'/ *oir* ainr. ('EDGE') ~ /ɔr'/ *oir* nr. ; /oLiN'/ *olainn* ainr. ('WOOL') ~ /ɔLɣ/ *ola* ainr. ('OIL')

: fada : /k^ho:N't'ɔx/ *còinteach* ainr., bt. 'còinneach' ~ /k^hɔ:N'ɣ/ *còine* agr., bt. 'caoineadh' ; /k^hro:ok/ *cròthadh* agr. ('GATHERING IN' den fhoghar) ~ /k^hrɔ:ɔk/ *cròthadh* agr. ('PENNING').

3.1.4 Co-roinn nam Fuaimreag le Beum

Chithear sa chlàr a leanas co-roinn nam fuaimreag an Gl. Thèid dèiligeadh ri co-roinn gach fuaimreig (agus dà-fhoghair) air leth gu mionaideach san earrainn air Fogharachd, Co-roinn agus Eachdraidh nam Fòineimean air leth.

3.1.5 Dà-fhogharan

3.1.5.1 Faodar na dà-fhogharan a roinn nan dà-fhogharan dùnaidh³⁴³ agus nan dà-fhogharan fosglaidh³⁴⁴ (a' cleachdadh a' bhriathrachais aig Oftedal 1956 : 44), 's e sin fa leth dà-fhogharan le fosgladh a tha a' dol an lughad³⁴⁵ agus dà-fhogharan le fosgladh a tha a' dol am meud³⁴⁶. Gabhaidh na clasaichean seo an stèidheachadh cuideachd air co-roinn³⁴⁷, oir 's ann ro na sònaraich /N/ agus /L/ (dà-fhogharan-u), /N'/ agus /L'/ (dà-fhogharan-i), agus ron t-srònach /m/ as trice a gheibhear na dà-fhogharan dùnaidh, ach chan fhaighear na dà-fhogharan fosglaidh ach gu h-ainmig sna suidhichidhean seo. Thèid na dà-fhogharan /ɹui̯/ agus /ɹui̯/, agus iad gu fogharach gun a bhith aon chuid a' fosgladh no a' dùnadh, a chur am measg nan dà-fhogharan-i, mar thoradh air a' cho-roinn a tha aca agus cuideachd air sgàth pàtranachaidh³⁴⁸.

Faodar na dà-fhogharan a chur ann an clàr mar a leanas :

Dà-fhogharan dùnaidh		Dà-fhogharan fosglaidh		
dà-fhogharan-i		dà-fhogharan-u		
(/ɹui̯/, /ɹi̯/)	/ɹui̯/, /ɹi̯/			
(/ɹei̯/)	/ɹxi̯/, /ɹʃi̯/ (M.)	/ou̯/	/i̯x̯/	/u̯x̯/
(/ɹɛi̯/)	/ɹʃi̯/	(/ɹeu̯/, /ɹɛu̯/)		
/ɹai̯/, /ɹi̯/	/ɹau̯/, /ɹu̯/	/i̯a̯/, /i̯a̯/	/ua̯/, /u̯a̯/	

³⁴³ closing diphthongs

³⁴⁴ opening diphthongs

³⁴⁵ with decreasing aperture

³⁴⁶ with increasing aperture

³⁴⁷ distribution

³⁴⁸ patterning

Chan eil mi cinnteach à inbhe³⁴⁹ nan dà-fhogharan a tha air an sealltainn eadar camagan : dh'fhaodadh /tʃi/, /tʃei/, /tʃui/ agus /tʃeu/ a bhith nan caochlaich³⁵⁰ de /tʃai/, /tʃri/, /tʃui/ agus /tʃu/ fa leth³⁵¹ ; airson beachdachaidh air seo faic na h-earrainnean air na dà-fhogharan air leth (§§ 4.11, 4.12, 4.14, 4.16).

Chithear gu bheil na dà-fhogharan /tʃai/, (/tʃui/), /tʃui/, /tʃu/, (/tʃeu/), /tʃai/ agus /tʃu/ rim faighinn an dà chuid beulach agus srònach³⁵² ; gheibhear (/tʃei/), /tʃou/, /tʃri/ agus /tʃru/ beulach a-mhàin ; agus gheibhear (/tʃi/) agus /tʃi/ srònach a-mhàin. Tha /tʃri/ ri chluinntinn beulach a-mhàin aig CNC, ach an dà chuid beulach agus srònach aig RMC.

3.1.5.2 Eisimpleirean de phaidhreannan mionamail agus faisg-mhionamail :

/tʃai/ ~ /tʃi/ : /kʰtʃiLʰʁn/ *cainnlean* ainr. iol., bt. ‘coinnlean’ ~ /kʰtʃiLʰʁntʰʁ/ *coimhleanta* br. (compos mentis).

/tʃai/ ~ /tʃri/ : /sʰtʃisʰɑL/ *sainnseal* ainr. (‘A FIRST EXPERIENCE’) ~ /sʰtʃisʰLʰʁk/ *soisleadh* agr., bt. ‘soillseadh’ (‘SHINING’).

/tʃai/ ~ /tʃui/ : /ʏtʃai/ *dhaibh* riochd. roi. 3 iol. ~ /ʏtʃui/ *dhuibh* riochd. roi. 2 iol.

/tʃai/ ~ /tʃui/ : /pʰtʃiNʰ/ *bainn* ainr. sg. (‘A WAIST-BAND’) ~ /pʰtʃiNʰ/ *buinn* ainr. iol.

/tʃi/ ~ /tʃri/ : /kʰtʃiLʰʁntʰʁ/ *coimhleanta* br. (compos mentis) ~ /kʰtʃriLʰʁ/ *coibhle* ainr. (‘A COCK OF HAY’).

/tʃi/ ~ /tʃui/ : /kʰtʃiLʰʁntʰʁ/ *coimhleanta* br. (compos mentis) ~ /kʰtʃuiLʰʁ/ (t. deas) *cuibhle* ainr. (‘A WHEEL’).

/tʃei/ ~ /tʃri/ : /lʰtʃeiNʰ/ *leinn* riochd. roi. 1 iol. ~ /lʰtʃriNʰ/ *loinn* ainr.

/tʃri/ ~ /tʃui/ : /kʰLʰtʃriNʰ/ *cloinn* ainr. ~ /kʰLʰtʃuiNʰ/ *cluinn* gr. àithn. ; /kʰtʃriNʰ/ *coibhneil* br. ~ /kʰtʃuiNʰ/ *cuimhne* ainr. Tha an t-eadar-sgaradh seo nas bitheanta aig CNC, oir ann an cuid de

³⁴⁹ status

³⁵⁰ variants

³⁵¹ respectively

dh'fhaclan tha /ɾʲi/ aig RMC far a bheil /ɾʲui/ aig CNC, m.e. gheibhear am paidhir mionamail /kʰɾʲiɫʲ/ *coibhle* ainr. ('A COCK OF HAY') ~ /kʰɾʲuiɫʲ/ *cuibhle* ainr. ('A WHEEL') aig CNC, ach 's e /kʰɾʲiɫʲ/ a tha aig RMC don dà fhacal.

/ɾʲui/ ~ /ɾʲui/ : /Lɾʲui/ *laoigh* ainr. iol. ('CALVES') ~ /Lɾʲui/ (CNC) *laoidh* ainr. ('A PARAPHRASE' san t-seagh san cleachdar seo ann an eaglaisean clèireil na h-Alba) ; /kɑ 'mɿũi/ *gath-muing* ainr. ('A MANE'), ~ /mɿũi/ *maoidh* gr. àithn.

/ɾʲu/ no /ɾʲu/ ~ /ɾʲou/ : /pɿɾʲu/ *bann* ainr. ~ /pɿou/ *bonn* ainr. ; /fɿɾʲu/ *fann* br. ~ /fɿou/ *fonn* ainr.

/ɾʲi/ ~ /ɾʲi/ : /fɿi/ *feur* ainr. ~ /fɿi/ *fior* br. ; /fɿiɫʲ/ *feuch* gr. àithn. ~ /fɿiɫʲ/ *fiadh* ainr. ; /s'ɿiɾɔx/ *sèabach* br. ('STEALTHY') ~ /s'ɿiɾɔx/ *siabadh* agr. ('CASTING').

/ɾʲu/ ~ /ɾʲu/ : /kʰɾʲũkʰɔx/ *cnuacach* br. ('SHREWD') ~ /kʰɾʲuɫʲ/ *cruach* ainr. ; /sɿũɾʲ/ *suathneas* ainr. ('DISTINGUISHING MARK') ~ /sɿuɾʲ/ *suain* ainr.

3.1.5.3 Bheirear an aire gu bheil na dà-fhogharan-i eadar-dhealaichte nan gnè ris na còmhlan de dh'fhuaimreig ghoirid no fhada air a leantainn leis a' chonsan /ɾʲ/ (no /ɾʲʰ/). *Gu fogharach* tha an suidheachadh mar a leanas :

(a) san dà-fhoghar tha [Fuaimreid³⁵³ + Fuaimreid] againn, agus ann am faclan dà-lideach no ioma-lideach tha gach tè den dà fhuaimreig mun aon fhad ri fuaimreig ghoirid, ann am faclan aon-lideach tha an dara fuaimreag mu thuaiream³⁵⁴ leth-fhada : [mũiɾ] /mũiɾ/ *muillear* ainr., [gɑ 'mũi^h] /kɑ 'mũi/ *gath-muing* ainr. ('A MANE')

(b) sa chòmhlan de dh'fhuaimreig ghoirid air a leantainn le /ɾʲ/ no /ɾʲʰ/ :

(i) fuaimreag ghoirid air a leantainn le /ɾʲ/ : tha [Fuaimreid + Contaid³⁵⁵] againn. Aig deireadh facal 's e alafon [j] (suathach palatach guthach³⁵⁶) de /ɾʲ/ a gheibhear, gu tric (agus an-

³⁵² both oral and nasal

³⁵³ vocoid

³⁵⁴ approximately

³⁵⁵ contoid

còmhnaidh ro fhosadh³⁵⁷) air a dhì-ghuthachadh³⁵⁸ (am pàirt no gu lèir) agus air a leantainn le puth èadhair goirid neo-ghuthach³⁵⁹: (ma chleachdar [,] san earrainn seo mar shamhla air dì-ghuthachadh pàirteil) [j^h], [j^h]: [ə 'mũj^h], ro fhosadh [ə 'mũj^h] / (ɣ) 'mũɣ' / (*a*-)muigh cgr. Gu h-eadar-fhuaimreagach 's e alafon [j] (co-fhagasach palatach³⁶⁰) de /ɣ'/ a gheibhear: [bujɔ̃ɲ] / puɣ'ɔN/ *buidheann* ainr.

(ii) fuaimreag ghoirid air a leantainn le /ɣ^h/ (gheibhear seo gu h-eadar-fhuaimreagach a-mhàin): tha [Fuaimreid + Contaid] againn. Gu fogharach 's e [j^h] (co-fhagasach palatach iar-anailichte³⁶¹) de /ɣ^h/ a chluinnear: [maj^hɲ] / mǎɣ^hɲn/ *maidhean* ainr. iol. ('SETS OF SCALES')

(c) sa chòmhlain de dh'fhuaimreig fhada (no, ann am faclan dà-lideach no ioma-lideach, gu fogharach leth-fhada) air a leantainn le /ɣ'/, no de dh'fhuaimreig leth-fhada air a leantainn le /ɣ^h/

(i) fuaimreag fhada (no leth-fhada gu fogharach) air a leantainn le /ɣ'/: tha [Fuaimreid + Contaid] againn. An dà chuid aig deireadh facal agus gu-h-eadar-fhuaimreagach 's e alafon [j] (co-fhagasach palatach) de /ɣ'/ a gheibhear; aig deireadh facail ro fhosadh tha e gu tric air a dhì-ghuthachadh³⁶² (am pàirt no gu lèir) agus air a leantainn le puth èadhair goirid neo-ghuthaichte [j^h]: /k^hLɔ:[j]an/ (/k^hLɔ:ɣ'an/) *clòidhean* ainr. ('A DOOR-LATCH'), /Lǎ:[j]/, ro fhosadh /Lǎ:[j^h]/, (/Lǎ:ɣ'/) *làimh* ainr., /prǎ:[j]/, ro fhosadh /prǎ:[j^h]/ (/pra:ɣ'/) (CNC) *bràigh* ainr.

(ii) fuaimreag leth-fhada air a leantainn le /ɣ^h/ (gu h-eadar-fhuaimreagach a-mhàin): tha [Fuaimreid + Contaid] againn. 'S e an t-alafon [j^h] (co-fhagasach palatach iar-anailichte) de /ɣ^h/ a chluinnear: /pa:[j^h]ɔx/ (/pa:ɣ^hɔx/) *bàitheach* ainr.

3.1.5.4 Anns na h-eisimpleirean shuas de chòmhlain de dh'fhuaimreig air a leantainn leis a' chonsan /ɣ'/ tha cuid de na h-alafonan de /ɣ'/ — viz. na co-fhagasaich palatach [j] — gu math

³⁵⁶ voiced palatal fricative

³⁵⁷ before pause

³⁵⁸ devoiced

³⁵⁹ short unvoiced puff of air

³⁶⁰ palatal approximant

³⁶¹ post-aspirated palatal approximant

coltach gu fogharach ris an alafon [j] de leth-fhuaimreig /j/. Mar sin tha e cho math a bhith soilleir an seo mun diofar eadar an dà-fhòineim :

(i) gu fòn-eòlach 's e consan a tha anns an dà chuid /y'/ agus /j/ (ged a theirear sa bhriathrachas thraidiseanta 'leth-fhuaimreag' ri /j/.)

(ii) gu fogharach 's e [Contaid] a tha ann an /y'/, agus [Fuaimreid] a tha ann an /j/. Mar a chunnacas, tha alafonan [j], [j̥], [j̥̃], [j̥^h], [j̥̃^h], [j], [j̃], [j̃^h] aig /y'/; ach a thaobh /j/ cluinnear na h-alafonan [æ] (ro /a/), [ɛ] (ro /ɛ/, /ɔ/), [ɔ] (ro /o/, /ɤ/), agus [u] (ro /u/).

Gheibhear cuideachd dà-fhoghar air a leantainn le /y'/, agus an seo tha [Fuaimreid + Fuaimreid + Contaid] againn. An dà chuid aig deireadh facail agus gu h-eadar-fhuaimreagach 's e an t-alafon [j] (co-fhagasach palatach) de /y'/ a chluinnear, no aig deireadh facail ro fhosadh [j̥^h]: /s[ui]j̥[an]/ (/s[ui]y̥'an/) *saoidhean* ainr. ('A SAITHE'); /p[ur]j̥[an]/, ro fhosadh /p[ur]j̥^h[an]/, (/p[ur]y̥'an/) *buaidh* ainr.

3.2 Siostam nan Consan³⁶³

3.2.1 Liosta-iomlan de dh'Fhòineimean Consanach³⁶⁴

Chithear sa chlàr shìos samhlaidhean nam fòineimean consanach a fhuaras an Gl., Tha iad air an cur an òrdugh : a thaobh nan sreathan, a rèir phrìomh fheartan altachaidh nan alafonan as bitheanta³⁶⁵ (*cf.* Oftedal 1956 : 45); agus a thaobh nan colbh, am pàirt a rèir altachadh nan alafonan agus am pàirt stèidhichte air an eadar-dàimhealachdan fòn-eòlach³⁶⁶. Tha mi teagmhach à inbhe fòineimich cuid de na consain anailichte, i.e. co-dhiù as e fòineimean singilte no *h*-chòmhlain a tha annta : 's

³⁶² devoiced

³⁶³ consonant system

³⁶⁴ inventory of consonant phonemes

³⁶⁵ according to the main articulatory features of the most common allophones

³⁶⁶ partly according to the articulation of the allophones and partly based on their phonological interrelationships

iad na fuaimean a tha sa cheist, na consain dhùinte ro-anailichte, an suathach guthach anailichte agus na sònaraich anailichte. Ach ma mheasar iad seo mar fhòineimean singilte 's e 56 consain a gheibhear san liosta-iomlan ; mur measar, s e 47 a tha ann.

Faodar aon fhòineim eile a chur ris an liosta-iomlan ma thuigear an t-aifrichead palat-aibhealach³⁶⁷ /ts'/ ann am faclan-iasaid bhon Bheurla mar fhòineim singilte agus nach ann mar chòmhlán (*cf.* a thaobh an t-suidheachaidh sa Bheurla, Ladefoged 1993 : 63).

Bheirear an àire nach eil àite air a thoirt do bhilich phalataichte ann an siostam nan consan. A thaobh ceist a' phalatachaidh ann am bilich thèid am mineachadh aig Ternes (1973 : 32-52) airson dualchainnt na Comraich a leantainn *mutatis mutandis* san tràchdas seo ; faic cuideachd Oftedal 1963. Gun teagamh bhitheadh e buannachdail an anailis aig MacAmhlaigh (MacAulay 1966) a cho-chur ris na data à Gl., chan ann a-mhàin a thaobh bhileach aig toiseach facail, ach cuideachd gus feuchainn ri fuasgladh fhaighinn air duilgheadasan a leithid inbhe fhòineimeach an t-sleamhnain fhuaimreagaich a gheibhear ron bhileach ann am faclan mar /k[u̥p]/ *guib*, gin. de /kop/ *gob* airn., agus /sk[u̥p]/ *sguab*, gin de /sk[u̥p]/ *sguab* airn. ; ach dh'fheumte an tuilleadh rannsachaidh airson seo a dhèanamh.

³⁶⁷ palato-alveolar affricate

Clàr de dh'Fhòineimean Consanach

(...) = sa chumantas ann am faclan-iasaid bhon Bheurla

{...} = ann an seinn òran

	1	2	3	4	5	6	7	8	9	10
consain dùinte neo-ghuthach	/p	t	t'		(t)			k'	k	
cons. dùinte neo-ghuth. anailichte	p ^h	t ^h	t' ^h		(t ^h)			k' ^h	k ^h	
consain dùinte ghuthach	b	d	d'		(d)			g'	g	
cons. dùinte ghuthach anailichte	b ^h	d ^h	d' ^h		(d ^h)			g' ^h	g ^h	
suathaich neo-ghuthach	f				s	s'		x'	x	h
suathaich ghuthach	v							y'	y	
suathaich ghuthach anailichte								y' ^h		
srònaich	m		N'	N	n					
srònaich anailichte					n ^h					
crithich					r	r'	R			
crithich anailichte					r ^h	r' ^h	R ^h			
taobhaich			L'	L	(l)	l'	{t}			
taobhaich anailichte				L ^h	(l ^h)	l' ^h	{t ^h }			
leth-fhuaimreagan								i	u/	
	1	2	3	4	5	6	7	8	9	10
1 bilich					5 ailbhealaich neodrail			8 vèilearaich phalataichte		
2 deudaich neodrail					6 ailbhealaich phalataichte			9 vèilearach neodrail		
3 deudaich phalataichte					7 ailbhealaich vèilearaichte			10 glotasach		
4 deudaich vèilearaichte										

Mineachadh air samhlaidhean nan consan

/C^h/ = consan anailichte³⁶⁸

/p, t, k/ = sreath chonsan dùinte neo-ghuthach³⁶⁹

/b, d, g/ = sreath chonsan dùinte guthach³⁷⁰ (mar thoradh air atharrachadh morfa-fòn-eòlach³⁷¹)

/t/ etc. = consan dùinte ailbhealach³⁷²

/ʎ/ = taobhach ailbhealach vèilearaichte³⁷³

/l̥/ = taobhach ailbhealach palataichte³⁷⁴

/l/ = taobhach ailbhealach, neodrail a thaobh vèilearachaidh/palatachaidh³⁷⁵

3.2.2 Paidhreannan mionamail agus faisg-mhionamail

'S e gnothach gu math duilich a tha ann paidhreannan mionamail (no fiù 's faisg-mhionamail) a lorg do chuid de na paidhreannan fhòineimean shìos, agus uaireannan is fheudar barrachd feum a dhèanamh na lùigeadh neach de dh'fhaclan a tha caran mì-chumanta neo nan iasadan deireannach³⁷⁶ bhon Bheurla.

Eisimpleirean de na prìomh eadar-sgaraidhean fòineimeach :

/p/ ~ /p^h/ : /p^hɛn/ *bean* ainr. ('WIFE') ~ /p^hɛnʁ/ *peana* ainr. ('A PEN'); /p^hĩɑ₁n/ *bian* ainr. ~ /p^hĩɑ₁n/ *pian* ainr. ; /stɔp/ *stob* gr. àithn. ('STICK, STAB' gr.) ~ /stɔp^h/ *stop* gr. àithn. ('BLOCK, FILL').

/t/ ~ /t^h/ : /t₁ou₁N/ *donn* br. ~ /t^h₁ou₁N/ *tonn* ainr. ; /pat/ *bad* ainr. ~ /pat^h(ʁ)/ *bat(a)* ainr.

/t̥/ ~ /t^h/ : /t̥ɛs/ *deas* ainr., br. & cgr. ~ /t^hɛs/ *teas* ainr. ; /s̥e:t̥ʁk/ *sèideadh* agr. ('BLOWING') ~ /s̥e:t̥^hil/ *sèiteil* agr. ('HISSING ; PANTING').

³⁶⁸ aspirated consonant

³⁶⁹ voiceless stops series

³⁷⁰ voiced stops series

³⁷¹ morphophonological

³⁷² alveolar stop

³⁷³ velarised alveolar lateral

³⁷⁴ palatalised alveolar lateral

³⁷⁵ neutral as regards velarisation/palatalisation

³⁷⁶ recent loans

- /t/ ~ /tʰ/ : /tʰempʰɔxk/ *dampachd* ainr. ('DAMP(NESS)') ~ /tʰempʰɔk/ *teampadh* agr. ('ANNOYING, TRYING THE PATIENCE'); /lɔt/ *lod* ainr. ('A LOT, GROUP') ~ /lɔtʰ(ɣ)/ *lot(a)* ainr. ('A CROFT').
- /k/ ~ /kʰ/ : /k[au]L/ *Gall* ainr. dil. ~ /kʰ[au]L/ *call* ainr. & agr. ; /pakɣ/ *baga* ainr. ~ /pakʰ/ *bac* ainr.
- /kʰ/ ~ /kʰ/ : /kʰa:R/ *geàrr* gr. àithn. ~ /kʰa:R/ *ceàrr* br. ; /Lakʰɣ/ *laige* br. coim. ~ /Lakʰ/ *laic* ainr. ('BLINK OF LIGHT, WINK OF SLEEP').
- /p/ ~ /t/ : /pat/ *bad* ainr. ~ /tat/ *dad* riochd. ; /sʰ[ia]p/ *sèab* gr. àithn. ('SNEAK OFF') ~ /sʰ[ia]t/ *seud* ainr. ('A HEROIC PERSON').
- /t/ ~ /t/ : /Lɔtan/ *loda* ainr. ('A PUDDLE') ~ /lɔt/ *lod* ainr. ('A LOT, GROUP')
- /tʰ/ ~ /t/ : /Lʰetʰ/ *leid* ainr. ('teine a-muigh') ~ /lʰetʰ/ *lead* ainr. ('A PENCIL').
- (/tʰ/ ~ /tʰ/ : /mʰetʰɣ/ *maide* ainr. ('A STICK') ~ /mʰetʰɣ/ *maidse* ainr. ('A MATCH')).
- /tʰ/ ~ /kʰ/ : /tʰ[ia]r/ *deur* ainr. ~ /kʰ[ia]r/ *geur* br. ; /mʰetʰɣ/ *maide* ainr. ; /mʰekʰ/ *meig* ainr. ('SIGN OF LIFE').
- /kʰ/ ~ /k/ : /kʰaL/ *geal* br. ~ /kaLɣ/ *galla* ainr. ('A BITCH, VIXEN'); /Lakʰɣ/ *laige* br. coim. ~ /Lak/ *lag* br.
- /pʰ/ ~ /tʰ/ : /pʰ[ou]L/ *poll* ainr. ~ /tʰ[ou]L/ *toll* ainr. ; /kʰɔpʰan/ *copan* ainr. ('CUP') ~ /kʰɔtʰan/ *cotan* ainr. ('COTTON').
- /tʰ/ ~ /tʰ/ : /kʰatʰ/ *cat* ainr. ~ /kʰatʰ/ *cait* ainr. iol. agus gin. sg. ; /Lʰitʰɔx/ *liotach* br. ('LISPING') ~ /Lʰitʰ/ *lit* ainr. ('PORRIDGE')
- /tʰ/ ~ /tʰ/ : /Lɔtʰ/ *lot* ainr. ('A SORE') ~ /lɔtʰ(ɣ)/ *lot(a)* ainr. ('A CROFT').
- /tʰ/ ~ /tʰ/ : /tʰʰɪnɣ/ *teine* ainr. ~ /tʰɪnɣ/ (fuaim. caoch.) *tiona* ainr. ('canastair', 'A TIN CAN'); /pʰɔtʰ/ *poit* ainr. ~ /pʰɔtʰi/ *potaidh* ainr. ('PUTTY')
- /tʰ/ ~ /kʰ/ : /tʰi:rʰ/ *tìr* ainr. ~ /kʰi:rʰ/ *cìr* ainr. ; /Lʰitʰ(ɣ)/ *lit(e)* ainr. ~ /Lʰikʰ(ɣ)/ *lic(e)*, gin. sg. de /Lʰekʰ/ *leac* ainr.
- /kʰ/ ~ /kʰ/ : /kʰa:R/ *ceàrr* br. ~ /kʰa:R/ *càrr* ainr. ('SCAB, SCABBINESS'); /pakʰ/ *baic* ainr. iol. agus gin. sg. ~ /pakʰ/ *bac* ainr.

- /p/ ~ /b/ : /pat/ *bad* ainr. ~ /(\text{r}) bat/ *am bad* ainr. cinnteach.
- /t/ ~ /d/ : /tɔrɤs/ *doras* ainr. ~ /(\text{r}) dɔrɤs/ *an doras* ainr. cinnteach
- /t/ ~ /d'/ : /t'ɛr'ɤk/ *deireadh* ainr. ~ /(\text{r}) d'ɛr'ɤk/ *an deireadh* ainr. cinnteach.
- /t/ ~ /d/ : /tɛk^h/ *deic* ainr. ('DECK') ~ /(\text{r}) dɛk^h/ *deic* ainr. cinnteach.
- /k'/ ~ /g'/ : /k'ɛran/ *gearan* ainr. ~ /(\text{r}) g'ɛran/ *an gearan* ainr.
- /k/ ~ /g/ : /kw:ɾtan/ *gaoirdean* ainr. (bt. 'gàirdean') ~ /(\text{r}) gw:ɾtan/ *gaoirdean* ainr.
- /p^h/ ~ /b^h/ : /p^hou_ɹL/ *poll* ainr. ~ /(\text{r}) b^hou_ɹL/ *am poll* ainr. cinnteach.
- /t^h/ ~ /d^h/ : /t^hou_ɹL/ *toll* ainr. ~ /(\text{r}) d^hou_ɹL/ *an toll* ainr. cinnteach.
- /t^h/ ~ /d^h/ : /t^hɛs/ *teas* ainr. ~ /(\text{r}) d^hɛs/ *an teas* ainr. cinnteach.
- /t^h/ ~ /d^h/ : /t^he.e/ *teatha* ainr. ('TEA') ~ /(\text{r}) d^he.e/ *an teatha* ainr. cinnteach.
- /k^h/ ~ /g^h/ : /k^hãNix'ɤ/ *ceannaiche* ainr. ~ /(\text{r}) g^hãNix'ɤ/ *an ceannaiche* ainr. cinnteach.
- /k^h/ ~ /g^h/ : /k^hat^h/ *cat* ainr. ~ /(\text{r}) g^hat^h/ *an cat* ainr. cinnteach.
- /b/ ~ /b^h/ : /(\text{r}) bĩɑ_ɹn/ *am bian* ainr. cinnteach ~ /(\text{r}) b^hĩɑ_ɹn/ *am pian* ainr.
- /d/ ~ /d^h/ : /(\text{r}) d[ou_ɹm/ *an dom* ainr. cinnteach ('THE GALL-BLADDER') ~ /(\text{r}) d^h[ou_ɹm/ *an tom* ainr. cinnteach.
- /d'/ ~ /d^h/ : /(\text{r}) d'ir'/ *an òir* gr. teachd. ceisteach ('WILL ... ASCEND?') ~ /(\text{r}) d^hir'/ *an tìr* ainr. cinnteach.
- /d/ ~ /d^h/ : /(\text{r}) dẽmp^hɔxk/ *an dampachd* ainr. cinnteach ~ /(\text{r}) d^hẽmp^hɤk/ *an teampadh* agr. cinnteach ('THE ANNOYING').
- /g'/ ~ /g^h/ : /(\text{r}) g'e:m/ *an geum* ainr. cinnteach ('THE LOW, THE MOO') ~ /(\text{r}) g^he:m/ *an ceum* ainr. cinnteach.
- /g/ ~ /g^h/ : /(\text{r}) g[au_ɹL/ *an Gall* ainr. dil. cinnteach ~ /(\text{r}) g^h[au_ɹL/ *an call* ainr. cinnteach.
- /ɤ'/ ~ /ɤ/ : /ɤ'ĩu_ɹN/ *dh'fheann* gr. preit. ~ /ɤĩu_ɹN/ *gann* br. sèimh. ; /k^hLɤɤ'/ *claidh* ainr. gin. ~ /k^hLɤɤ/ *cladh* ainr.
- /ɤ'/ ~ /ɤ^h/ : /pɑ:ɤ'ɔl'/ *bàidheil* br. ~ /pɑ:ɤ^hɔx/ *bàitheach* ainr., bt. 'bàthaich'.
- /x'/ ~ /x/ : /x'ɑ:ɾ/ *cheàrr* br. sèimh. ~ /xɑ:ɾ/ *chàrr* ainr. sèimh. ; /fru:x'/ *fraoich* ainr. gin. ~ /fru:x/ *fraoch* ainr. ain.

- /x/ ~ /h/ : /xɑ:L/ *chàl* ainr. sèimh. ('CABBAGE') ~ /hɑ:L/ *thàl* ainr. sèimh. ('ADZE'); /s'εxʁt/ *seachad* cgr. ~ /s'εhan/ *seathan* agr. ('PANTING').
- /s/ ~ /s'/ : /s' [ẽu]N/ *seann* br. ~ /s [ẽu]N/ 's *ann* copail + cgr. ; /kLas/ *glas* br. ~ /kLas'/ *glais* gr. àithn.
- /s'/ ~ /x'/ : /s' ɰɔ:L/ *seòl* ainr. ~ /x' ɰɔ:L/ *cheòl* ainr. sèimh. ; /xɑ:s'(ɣ)/ *chàis(e)* ainr. sèimh. ~ /xɑ:x'/ *chàich* riochd. gin.
- /v/ ~ /f/ : /vɑLɔx/ *bhalach* ainr. sèimh. ~ /fɑLɔx/ *falach* agr.
- /ɣ'/ ~ /x'/ : /ɣ' i:r'/ *dhìr* gr. preit. ('ASCENDED') ~ /x' i:r'/ *chìr* gr. preit. ('COMBED') agus ainr. sèimh. ; /ha:ɣ'/ *shàibh* ainr. iol. sèimh. ('SAWS') ~ /xɑ:x'/ *chàich* riochd. gin.
- /ɣ/ ~ /x/ : /ɣ [ɑu]L/ *dhall* br. sèimh. ~ /x [ɑu]L/ *chall* agr. sèimh. ; /Lu:ɣ/ *laogh* ainr. ~ /Lu:xɑn/ *laochan* ainr.
- /p/ ~ /v/ : /pɑLɔx/ *balach* ainr. ~ /vɑLɔx/ *bhalach* ainr. sèimh. ; /k^hapɑk/ *cabag* ainr. ('A GAP-TOOTHED FEMALE') ~ /k^havɑk/ *cabhag* ainr.
- /p^h/ ~ /f/ : /p^h [ĩɑ]N/ *pian* ainr. ~ /f [ĩɑ]N/ *phian* ainr. sèimh. ; /k^hεp^h/ *ceap* ainr. ('A LAST') ~ /k^hεfan/ *ceafan* ainr. ('A RASCAL').
- /k'/ ~ /ɣ'/ : /k' [iɑ]r/ *geur* br. ~ /ɣ' [iɑ]r/ *gheur* br. sèimh. ; /Lak'ɣ/ *laige* ainr. ('WEAKNESS') ~ /Laɣ'/ *laigh* gr. àithn.
- /k^h/ ~ /x'/ : /k^h [ẽu]N/ *ceann* ainr. ~ /x' [ẽu]N/ *ceann* ainr. sèimh.
- /k/ ~ /ɣ/ : /kɑv/ *gabh* gr. àithn. ~ /ɣɑv/ *gabh* gr. preit. ; /vok/ *bhog* br. sèimh. ~ /voɣ/ *mhodh* ainr. sèimh.
- /k^h/ ~ /x/ : /k^hur'/ *cuir* gr. àithn. ~ /xur'/ *cuir* gr. preit. ; /mẽk^h/ *mac* ainr. ~ / (ɣ) 'mẽx/ *a-mach* cgr.
- /m/ ~ /v/ : /mẽk^h/ *mac* ainr. ~ /vẽk^h/ *mhac* ainr. sèimh. ; /e:m/ *fheum* ainr. sèimh. ~ /e:v/ *èibh* gr. àithn.
- /ɣ'/ ~ /j/ : /ɣ' ũ:six'/ *dh'ionnsaich* gr. preit. ~ /jũ:six'/ *ionnsaich* gr. àithn.

- /v/ ~ /u/ : /vatʰɣ/ *bhaide* ainr. sèimh. ('àireamh mhòr') ~ /uatsʰɣ/ *waidse* ainr. ('A WATCH'); /kʰLǎvan/ *clamhan* ainr. ('BUZZARD') ~ /kʰLǎuɔx/ *clamhach* br. ('MANGY').
- /m/ ~ /N'/ : /mɑrst/ *mart* ainr. ('A CATTLE-BEAST') ~ /N'ɑrst/ *neart* ainr. ; /fũ:m/ *faom* gr. àithn. ~ /fũ:N'/ *faoin* br.
- /N'/ ~ /N/ : /ũN'ɔn/ *uinnean* ainr. ('AN ONION') ~ /ũNɣm/ *annam* riochd. roi. 1 sg.
- /N/ ~ /n/ : /Nʒtʰ/ *not* ainr. ('POUND' airgid) ~ /nʒtʰ/ *not* ainr. sèimh. ; /tɔnɣ/ *donna* br. iol. ~ /tɔnɣ/ *dona* br.
- /N'/ ~ /n/ : /N'ẽt/ *nead* ainr. ~ /nẽt/ *nead* ainr. sèimh. ; /Lo:N'/ *lòin* ainr. gin. ('A BOG') ~ /Lo:n/ *lòn* ain.
- /n/ ~ /nʰ/ : /nʒtʰ/ *not* ainr. sèimh. ~ /nʰʒtʰ/ *shnot* gr. preit. ('SNIFFED').
- /r/ ~ /r'/ : /ri.i/ *righe* agr. sèimh. ('STRETCHING ; LAYING OUT A BODY') ~ /r'.i/ *rithe* riochd. roi. 3 sg. boir. : /Lɑ:r/ *làr* ainr. ~ /Lɑ:r'/ *làir* ainr. gin.
- /r'/ ~ /R/ : /r'.i/ *rithe* riochd. roi. 3 sg. boir. ~ /Ri.i/ *righe* agr. ; /kʰɔ:r'/ *còir* br. ~ /kʰɔ:R/ *còrr* ainr. ('MORE, EXCESS').
- /r/ ~ /R/ : /ri:/ *righ* ainr. sèimh. ~ /Ri:/ *righ* ainr. ; /kʰɑrɔx/ *carach* br. ('TWISTED ; WILY') ~ /kʰɑrɔx/ *carrach* br. ('SCABBY').
- /r/ ~ /rʰ/ : /r[ẽu]N/ *rann* ainr. sèimh. ~ /rʰ[ẽu]N/ *shrann* ainr. sèimh.
- /r'/ ~ /rʰ/ : /ɔr'/ *oir* nr. ~ /ɔrʰ(ɣ)/ *oirr(e)* riochd. roi. 3 sg. boir. ; /su:r'ɣ/ *saoire* br. coim. ~ /su:rʰix'/ *saoithrich* gr. àithn.
- /R/ ~ /Rʰ/ : /hɔRɣ/ *thorra* ainr. sèimh. ('AUGER') ~ /ɔRʰ(ɣ)/ *orr(a)* riochd. roi. 3 iol.
- /L'/ ~ /L/ : /L'ũ:N/ *lionn* ainr. ~ /Lũ:N/ *lunn* ainr. ('LAUNCHING ROLLER'); /L'ãNan/ *leannan* ainr. ~ /LãNɣn/ *lannan* ainr. iol. ('SCALES ; FLAKES'); /skɑL'ak/ *sgailleag* ainr. ('buille') ~ /skɑLak/ *sgalag* ainr.
- /L/ ~ /l/ : /Lɔtʰ/ *lot* ainr. ('A SORE') ~ /lɔtʰ(ɣ)/ *lot(a)* ainr. ('A CROFT').
- /l/ ~ /l'/ : /lɔkan/ *logan* ainr. ('A SMALL LOG' don teine) ~ /l'ɔkak/ *leogag* ainr. sèimh. ('clach bheag').

- /L'/ ~ /l'/ : /L'ɾiɑjv/ *leubh* gr. àithn. ~ /l'ɾiɑjv/ *leubh* preit. ; /k^hɑL'ɔx/ *cailleach* ainr. ~ /k^hɑl'ɑk/ *caileag* ainr. ; /paL'i/ *b' àill leibh?* ('PARDON?') ~ /paL'ɣ/ *baile* ainr.
- /L/ ~ /l'/ : /LǃNɣn/ *lannan* ainr. iol. ~ /l'ǃNɑn/ *leannan* ainr. sèimh. ; /paLɣ/ *balla* ainr. ~ /paL'ɣ/ *baile* ainr.
- /L/ ~ /L^h/ : /Lǃ:n/ *làn* ainr. & br. ~ /L^hǃ:n/ *shlàn* br. sèimh. ; /mǃLɔxk/ *mollachd* ainr. bt. 'mallachd' ~ /mǃL^hɔx/ *mothlach* br.
- /l/ ~ /l^h/ : /xlɑts'ɣr/ *chlaidsear* ainr. sèimh. ~ /l^hɑts'ɣn/ *shlaidsean* ainr. iol. sèimh.
- /l'/ ~ /l^h'/ : /l'i.i/ *lighe* ainr. sèimh. ('A FLOOD') ~ /l^hi.i/ *shlighe* ainr. sèimh. ; /Rɔl'ɣk/ *roileadh* agr. ('ROLLING') ~ /Rɔl^hɑs'/ *roithleis* ainr. ('NOISY EXCITEMENT' m.e. de chloinn a' cluich gu toilichte).
- /L/ ~ /R/ : /Lɾǃu_jN/ *lann* ainr. ('A FISH SCALE) ~ /Rɾǃu_jN/ *rann* ainr. ('A VERSE'); /paLɑn/ *ballan* ainr. ('A SMALL TILLAGE PLOT') ~ /paRɑn/ *barran* ainr. ('A BABY'S NAPPY').
- /l/ ~ /r/ : /lɔkɣ/ *loga* ainr. ('A LOG') ~ /rɔkɣ/ *fhroga* ainr. sèimh. ('A FROCK').
- /l'/ ~ /r'/ : /l'i.i/ *lighe* ainr. sèimh. ~ /r'i.i/ *righe* agr. sèimh. ; /l'ɛ:/ *lèith* br. gin. sg. fir. sèimh. ~ /rɛ:/ *rèidh* br. sèimh. ; /paL'ɣ/ *baile* ainr. ~ /paRɣ/ *bara* ainr. ('A BARROW').
- /l'/ ~ /r'/ : /l'i.i/ *lighe* ainr. sèimh. ~ /r'i.i/ *rithe* riochd. roi. 3 sg. boir. ; /k^hɣl'ɔx/ *coileach* ainr. ~ /k^hɣr'ɔx/ *coireach* br.
- /L'/ ~ /r'/ : /L'i.i/ *lighe* ainr. ~ /r'i.i/ *rithe* riochd. roi. 3 sg. boir. ; /k^hɣL'ɣ/ *coille* ainr. ~ /k^hɣr'ɣ/ *coire* ainr. ('FAULT').

3.2.3 Còmhlain chonsan

3.2.3.1 Còmhlain aig toiseach facail

Chithear san liosta shìos na còmhlain chonsan a fhuaras aig toiseach facail an Gl. Seallar aon eisimpleir de gach còmhlain, san òrdugh a nochdas iad san liosta, ga leughadh bho chli gu deas tarsainn nan sreathan.

Tha cuid de chòmhlain a tha a dhìth san liosta, chan ann tha mi am barail mar thoradh air adhbhar sam bith a bhuineas do dh'fhòna-tactaig³⁷⁷, ach dìreach air sgàth bheàrnan san adhbharrach. Dh'fhairtich orm stocan fhaighinn bho dhaoine le na còmhlain a leanas aig toiseach facail³⁷⁸ : **/t^hr/, **/d^hr/, **/t^lᵹ/, **/t^hl^ᵹ/, **/dl^ᵹ/ ; **/skl/ ; **/s^ˈN^ˈᵹ/ ; agus àireamh de chòmhlain leis an leth-fhuaimreig /u/. A thaobh **/t^lᵹ/, **/t^hl^ᵹ/, **/dl^ᵹ/ agus **/s^ˈN^ˈᵹ/ cha chreid mi gu bheil dad ann am riaghailtean fòna-tactaig na dualchainnt a dhì-cheadaicheach iad ; 's e dìreach tuiteamas a tha ann nach fhaighear nithean sa leicsigean a' tòiseachadh le leithid **/t^lᵹiu(:)-/, **/t^lᵹio(:)-/, **/t^lᵹo(:)-/, **/t^lᵹɔ(:)-/, **/t^lᵹiu(:)-/, **/t^hl^ᵹio(:)-/, **/t^hl^ᵹo(:)-/, **/t^hl^ᵹɔ(:)-/, no **/s^ˈN^ˈᵹiu(:)-/, **/s^ˈN^ˈᵹio(:)-/, **/s^ˈN^ˈᵹo(:)-/, **/s^ˈN^ˈᵹɔ(:)-/. A thaobh **/skl/, dh'fhaoidte a bhith an dùil ris a seo sna faclan-iasaid bho BA **sklyte** ('a soft, wet, half-liquid mass' : CSD s.v.) agus **slatch** ('a heavy fall, esp[ecially] into water or mud' : CSD s.v.), ach is dòcha gur iad na h-iar-riochdan orra seo a gheibhear an Gl. : /skL_ᵹĩp^h/ *sglaidhp* ainr. ('FLATTERY, SMARMINESS ; SLIME') agus /skL_ᵹɔs^ˈ/ *sgloids* ainr. ('SQUELCH'), le /L/ deudach vèilearaichte sa chòmhlain /skL/. Far am bite an dùil dh'fhaodadh ri **/t^hr/, 's e /t^hr/ le /t/ deudach a gheibhear fiù 's ann am faclan-iasaid deireannach³⁷⁹ de leithid /t^hrɛ:nɔ/ *trèana* ainr. bho B **train**, /t^hrɔf/ *troif* ainr. ('A TRUMP' ann an cluich chairt) BA **trumph** (ach gheibhear /tr/ ann an /tr_ᵹai_ᵹvik^ˈ/ *draidhbhig* gr. àithn., bho B **drive**). Agus faodar a ràdh cuideachd nach bite an dùil ris na còmhlain **/t^l/, **/t^hl/ aig toiseach facail co-dhiù, oir 's ann a-mhàin ann am faclan-iasaid bho B a gheibhte iad seo, agus chan eil na còmhlain a tha ann ceadaichte ann am fòna-tactaig na Beurla fhèin.

³⁷⁷ not, I believe, because of any reason of phonotactics

³⁷⁸ I failed to elicit stems with the following initial clusters

